

CEISTEAN A DH'FHEUMAR AM FREAGAIRT LE PÀIRTICHEAN A THA A' CUR A-STEACH SGRÌOBHAINNEAN MU SGARADH-PÒSAIDH A THACHAIR THALL THAIRIS

1. Dè an t-ainm, aois agus àite-còmhnaidh àbhaisteach a tha aig pàirtichean **a' phòsaidh/chom-pàirteachais chatharra a thathar a' moladh?**
2. Cuin a chaidh tòiseachadh air cùisean an sgaradh-pòsaidh?
3. Dè an t-àite còmhnaidh àbhaisteach agus an dachaigh a bha aig gach pàirtiche ceangailte ris **an sgaradh-pòsaidh** an uair:
 - (a) a thòisich cùisean; agus
 - (b) a chaidh an sgaradh-pòsaidh a bhuileachadh.
4. Ma bhathar a' còmhnaidh gu h-àbhaisteach san Rìoghachd Aonaichte dè cho fad 's a bhathar a' còmhnaidh ann mus
 - (a) do thòisich cùis an sgaradh-pòsaidh; agus
 - (b) deach an sgaradh-pòsaidh a bhuileachadh.
5. Dè an **nàiseantachd a bha aig pàirtichean** an sgaradh-pòsaidh air a' cheann-là air ainmeachadh ann an (2) gu h-àrd?
6. An e **sgaradh-pòsaidh Cùirte no a chaochladh** a bha san sgaradh-pòsaidh, mar eisimpleir Cead Co-aontach a fhuair a' bho Oifis Earraid/Neach-Clàraidh?
7. **Ma bha** an sgaradh-pòsaidh **air a cheadachadh le Cùirt:**
 - (a) An robh am fear-tagraidh an làthair sa chùirt? Mur robh, an robh e/i air a riochdachadh?
 - (b) An robh ceumannan reusanta air an gabhail airson innse dhan neach-dìon gun robh cùisean gan gabhail na (h-)aghaidh?
 - (c) An do nochd an neach-dìon sa chùirt? Mur do nochd, an robh e/i air a riochdachadh?
8. **Mur robh** an sgaradh-pòsaidh **air a cheadachadh le Cùirt:**
 - (a) Càite an deach an sgaradh-pòsaidh a thoirt seachad, an ann mar eisimpleir ann an Oifis Earraid/Neach-clàraidh?
 - (b) An robh an neach-tagraidh an làthair gu pearsanta? Mur robh, ciamar a bha e /i air a riochdachadh?
 - (c) An robh ceumannan reusanta air an gabhail airson innse dhan phàirtiche eile gun robh cùisean gan gabhail na (h-)aghaidh?
 - (d) An do nochd am pàirtiche eile? Mur do nochd, ciamar a bha e/i air a riochdachadh?
9. Càite an robh na pàirtichean chun an sgaradh-pòsaidh air am pòsadh agus cuin?